

an obair dealbhaidh. Is e pròiseact glòir-mhiannach a th'ann *Air Iomlaid* a tha a' togail air gealladh am Fruitmarket Gallery a thaobh foghlam aig ìre cleachdaidh is poileasaidh. Tha prògram foghlaim farsaing a' Ghailearaidh a' toirt cothrom do chlann is dhaoine òga a bhith ag ionnsachadh tro phròiseasan ionnsachaidh gnìomhach, fèin-fhiosrachail, le bhith a' gabhail pàirt ann an gnìomhan a tha a' cur ri mar a tha an sgoil a' lìbhrigeadh a' chlàr-oideachaidh. Aig cridhe gealladh a' Ghailearaidh tha creideamh gun tig tuigse bho bhith a' dèanamh a cheart cho mòr ri bhith ag èisteachd, agus gu bheil fèin-fhiosrachaidhean cuimhneachail, eadar-ghnìomhach gar stiùireadh gu ionnsachadh èifeachdach. Is e taisbeanadh làidir den chreideamh seo ann an gnìomh a tha ann an *Air Iomlaid*.

Tha foillseachadh dà-chànanach làn de dhealbhan le ro-ràdh bho Fiona Bradley, aistean le Johnny Gailey, Manaidsear Phrògraman Cloinne is Dhaoine Òga aig am Fruitmarket Gallery; còmhradh eadar an neach-ealain Julie Brook agus Johnny Gailey; agus bàrdachd a sgrìobh a' chlann a' dol an cois an taisbeanaidh agus gheibhear sin bho bhùth-leabhraichean a' Ghailearaidh aig cosgais £12.95.

Airson làn-fhiosrachaidh den phrògram òraidean, tachartasan agus bùthan-obrach fhaighinn, nach tog sibh bileag.

Thèid an taisbeanadh seo air adhart cuideachd aig **Sabhal Mòr Ostaig, An t-Eilean Sgìtheanach** 5 Òg Mhios – 25 Iuchar 2010

Tha an stiùireadh seo cuideachd ri fhaighinn ann an sgrìobhainn mòr, air teap neo air post-d. Feuch am faighnich thu anns a' bhùth-leabhraichean airson dreachd stiùiridh eile neo cur fios gu **P** 0131 226 8181 **E** bookshop@fruitmarket.co.uk

Faigh a-mach barrachd...

- **Gus d'aithe fhaighinn** cur fios gu 0131 226 8181 neo cur post-d don bhùth-leabhraichean aig bookshop@fruitmarket.co.uk
- **Thig còmhla rinn air Facebook** airson naidheachdan agus ùrachadh air tachartasan
- **Faigh podcast** de gach òraid agus co-labhairt aig www.fruitmarket.co.uk

Air Iomlaid

Exhibition 10 April – 9 May 2010

Mon–Sat 11am–6pm, Sun 12–5pm

Gàidhlig

Tha *Air Iomlaid* a' ciallachadh 'on exchange' anns a' Bheurla agus tha seo na ainm do phròiseact glòir-mhiannach foghlaim far an robh sgoilearan bho Bun-sgoil Shlèite, An t-Eilean Sgìtheanach agus Aonad Gàidhlig Bun-sgoil Crois na Cìse, Dùn Èideann air an stiùireadh le neach-ealain Julie Brook agus sgioba de luchd-taic ealain ann am pròiseas dian de theagasg ealain. Chaidh am pròiseact air adhart anns a' Ghàidhlig, an cànan anns a bheil na sgoilearan bhon dà sgoil a' faighinn an oideachadh. Tha toraidhean a' phròiseict air an taisbeanadh an seo, tha leabhraichean-deilbh, dealbhan obraichte agus -, agus obair-ealain mòra a' glacadh mòmaidean ann am pròiseas a' phròiseict, a thòisich le dealbhan fa-leth a chaidh an dèanamh a-muigh, agus a ghluais an uairsin gu co-dhèantachd com-pàirteil, ioma-fhillteach. Tha na h-obraichean san taisbeanadh a' còmhachadh ùine mhòr agus grund farsaing.

The Fruitmarket Gallery

Market Street, Edinburgh
www.fruitmarket.co.uk

Project partners Lasair Ealain, Edinburgh Napier University and Sabhal Mòr Ostaig

/
Com-pàirtichean pròiseact Lasair Ealain, Oilthigh Napier Dùn Èideann agus Sabhal Mòr Ostaig

Supported by The National Lottery via The Scottish Arts Council's Inspire Fund with additional funding from Bòrd na Gàidhlig, Scottish Natural Heritage, Learning and Teaching Scotland and The Ernest Cook Trust

/
Le taic bhon Chrannchur Nàiseanta tro Ionmhas Brosnachaidh Comhairle Ealain na h-Alba le taic a bharrachd bho Bòrd na Gàidhlig, Dualchas Nàdair na h-Alba, Ionnsachadh is Teagasg na h-Alba agus Urras Ernest Cook



Dh'obraich Julie agus sgioba proifeasanta de luchd-ealain còmhla ri sgoilearan às an Eilean Sgitheanach (B4–B7, agus cuid de sgoilearan bho B1–B3) agus à Dùn Èideann (B6–B7) thairis air ùine ochd-mìosan deug. Tro theirm an t-samhraidh 2009, thug iad a' chlann a-mach gach seachdain, gan teagasg mu bhith a' dealbhadh agus a' peantadh a-muigh. As t-fhoghar, ghabh a' chlann pàirt ann an dà iomlaid fad seachdain, a' tadhal air clann agus a' toirt aoigheachd do chlann bhon sgoil com-pàirt eile agus ag ionnsachadh mu bhith a' dol an sàs ann an sealladh-tìre neo-chàirdeil tro dhealbhadh agus peantadh. B' e na h-iomlaidean na pàirtean a bu dian den phròiseact, agus is ann an sin a chaidh leasachaidhean sgilean dealbhaidh na cloinne a chomharrachadh gu soilleire. Tràth ann an 2010, thòisich iad ag obair a-staigh air dealbhan co-obrachail samhlan-tomhais mòra agus air dealbhadaireachd den àrainneachd aca fhèin agus den àrainneachd air na thadhal iad air iomlaid, a bharrachd air a bhith ag obair le bàird agus luchd-dèanaidh fiolm gus na raointean freagairt ealain aca a leudachadh.

Chaidh an obair-teagaisg air adhart mean air mhean. An toiseach, bha Julie agus an luchd-ealain eile a' brosnachadh a' chlann gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air cruth is farsaingeachd le bhith ag obair le peansail agus gual-fhiodha gus tònna agus inneach a chomharrachadh. Ghluais a' chlann an uairsin gu bhith a' peantadh agus ag ionnsachadh mu dhathan: mar a tha dathan ag obair a-measg a chèile, fuar agus blàth, soilleir is dorcha, mar a tha fo-dhathan a' cruthachadh doimhneachd agus beartas, agus mar a tha an tuigse seo a' neartachadh aithne nas brìghmhoire de chruth. Bidh Julie a' mìneachadh an dòigh teagaisg seo mar phròiseas 'fàs sunndach' gu h-ealanta.

Tha na leabhraichean-deilbh a' riochdachadh cridhe a' phròiseict. Dhealbh agus pheant a' chlann iad sin a-muigh, ann an seallaidhean-tìre bailteil is dùthchail Dhùn Èidinn agus an Eilein Sgitheanaich, ag ionnsachadh mar a shealladh iad air an t-sealladh-tìre ann an dòighean neo-àbhaisteach, agus mean air mhean a' faighinn misneachd gus a bhith a' cruthachadh co-dhèantachdan ioma-fhillte. Rè ùine, nochd iad diofar dhòighean ann a bhith a' dèiligeadh ris an àrainneachd, nan dòighean fhèin, cuid de chlann a' roghnachadh an fòcas aca a bhith air pàirt sònraichte den t-sealladh-tìre, agus cuid eile a' glacadh làn-fharsaingeachd an fhearainn agus an iarmailt.

An dèidh dhaibh a bhith a' dealbhadh agus a' peantadh nan leabhraichean-deilbh a-muigh (a dh'aindeoin na h-aimsire), ghluais a' chlann an uairsin gu co-dhèantachdan nas motha, aon chuid air an làrach neo a-staigh. Aig amannan bha e duilich don chlann an aon ìre de dheòntas a ruigsinn sa ràinig iad leis na leabhraichean-deilbh, aig amannan eile thug an àrdachadh ìre cothrom don chloinn làn-bheartas na h-obrach làirsinneach a chumail agus saorsa a thoirt dhaibh pèin sin a chur an cèill. Aig deireadh gach latha thàinig a h-uile duine

còmhla gus beachdachadh air an obair, agus thaghadh a' chlann dealbh agus mhìnichadh iad carson a bu toigh leotha e. B'è àm cudromach a bha seo dhaibh airson a bhith ag ionnsachadh bho chèile agus a bhith a' fàs nas dàna mu bhith a' bruidhinn mun cuid obrach.

An-dèidh dhaibh na h-obraichean fa-leth aca fhèin a leasachadh thairis air deagh ùine, bha cothrom aig a' chlann an uairsin a bhith ag obair gu ìre fada nas motha. An toiseach thàinig ceithir dealbhan mòra gual-fhiodha, far na dhealbh gach buidheann cloinne cruth den àrainneachd aca fhèin agus am fear air na thadhal iad. Chaidh Julie agus an luchd-ealain tro leabhraichean-deilbh na cloinne, a' taghadh cuid de na bun-stuthan beartach sin gus ceithir co-dhèantachdan carragh-cuimhneachaidh de dhealban-tìre Dhùn Èidinn agus an Eilein Sgitheanaich a chruthachadh. Tha gach obair com-pàirt fa-leth air a dhealbhadh gu diofraichte, a' taisbeanadh sealladh sònraichte de dhealban-tìre Dhùn Èidinn agus an Eilein Sgitheanaich. Bidh a' chlann a' dealbhadh an t-sealladh-tìre aca fhèin ann an dòigh eadar-dhealaichte bho fhear air na thadhal iad fad ùine an ìre mhath goirid.

Tha na dealbhan gual-fhiodha ann an ioma dòigh na thoradh de *Air Iomlaid*. A dh'aindeoin sin chan eil iad a' comharrachadh deireadh na sgrùdaidhean ealain aig a' chlann, no aig a' phròiseact. Aig na h-ìrean deireannach dh'obraich a' chlann le bàird, beothadairean agus luchd-dèanaidh fiolm, gus tuilleadh sgrùdaidh a dhèanamh air a' cheangal aca le sealladh-tìre, a' faighinn a-mach gu bheil beothadaireachd gu sònraichte na dhòigh èifeachdach air a bhith a' foillseachadh eòlas-beatha dealbhaidh is peantaidh a-muigh ann an suidheachaidhean far a bheil atharrachadh a' tighinn air solas agus aimsir.

Bidh Julie a' mìneachadh pròiseas ionnsachaidh dealbhaidh mar "a' gabhail fìor aire, cuide ri cothlamadh den dòigh anns am faic thu ruideigin, agus an dòigh anns an cleachd thu do làmhnan, do cheann, do chridhe (...) thig a h-uile rud còmhla ann am foillseachadh de na tha a' dol air adhart san taobh a-staigh a bharrachd air na tha thu a' faicinn." Tha e na thoileachas don Fruitmarket Gallery a bhith ag obair còmhla ri Julie, agus a bhith a' faicinn mar a tha an sealladh aice èifeachdach ann a bhith a' cur clann an sàs ann